# **Prògram an Iomaill**
# Fringe Programme

Mòd
LOCH ABAR **25**



10-18 Dàmhair 2025

10-18 October 2025

**LE TAIC BHO** WITH SUPPORT FROM

Bòrd na Gàidhlig · The Highland Council / Comhairle na Gàidhealtachd · Scottish Government / Riaghaltas na h-Alba · Caledonian MacBrayne · EventScotland · SQA · Creative Scotland / Alba Chruthachail — Maoinichte leis a' Chrannchur / Lottery Funded · Sangobeg Investments Ltd · BBC ALBA

**DIHAOINE 10 DÀMHAIR**
FRIDAY 10 OCTOBER




# Caismeachd Lòchranach
## Torchlight Procession

**Ceàrnag Chamshron | 18:45**
Cameron Square

Tha Loch Abar a’ cur fàilte air a’ Mhòd Nàiseanta Rìoghail le caismeachd solais.

Lochaber welcomes the Royal National Mòd with a torchlight procession.




**TIOGAIDEAN**
TICKETS

# **Dàimh** *le taic bho Cheilear*
# **Cuirm Fhosglaidh a' Mhòid**
## Mòd Opening Concert

**Ionad Nibheis, Prìomh Thalla | 19:30**
Nevis Centre Auditorium

Tha Dàimh nan sàr riochdairean ciùil na Gàidhealtachd agus an fhacal dàimh fhèin na shamhla air an ceangal eadar buill a' chòmhlain agus an luchd-èisteachd. Thòisich an còmhlan còrr air 20 bliadhna air ais agus a bharrachd air na triùir bhuill a bh' ann o thùs tha luchd-ciùil nas òige a chaidh tro Fèisean agus foghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

Còmhla riutha air àrd-ùrlar bidh còmhlan Ceilear. Nochd Ceilear an toiseach ann an Slighe Cèilidh Fèis an Earraich. Mar phàirt den phròiseact Culture Collective aig Aonghas MacCoinnich: Eilean a' Cheòl – ann an co-bhanntachd le Seall agus Fèisean nan Gàidheal – leasaich e còmhlan luchd-ciùil òg às An Eilean Sgitheanach a th' air a bhith air àrd-ùrlaran air feadh an Eilein: cèilidhean ann an tallaichean baile agus mar luchd-taic do chòmhlan ainmeil is an sàs aig tachartasan leithid Small Halls agus Skye Live.

Abair cuirm air leth a bhios againn gus am Mòd a chur air a chasan!

Dàimh, the Gaelic word for connection, perfectly describes the electrifying musical interplay between the individual band members and the interaction with audiences attending their brilliant live shows around the world. The band started over 20 years ago and in addition to the three original members the current line-up includes younger musicians that have progressed through the thriving Fèisean movement and Gaelic medium education system.

Supporting them on stage will be the band Ceilear. Ceilear started out originally as the Fèis an Earraich Cèilidh Trail. As part of Angus MacKenzie's Culture Collective project, Eilean a' Cheòl - run in conjunction with Seall and Fèisean nan Gàidheal - it has developed into a band collective of young musicians from Skye that have performed around the Island from village hall cèilidhs to support acts for established artists and slots at festivals such as Small Halls and Skye Live.

We're in for a fantastic concert to kick off this year's Mòd!

# Campa Trèanaidh Sgioba nam Fear Alba FA

## Alba FA Men's Training Camp

**Pàirce Àrd-sgoil Loch Abar**
Lochaber High School Astro

***Disathairne & Didòmhnaich***
*Saturday & Sunday*

Tha Sgioba nam fear Alba FA a' tighinn còmhla a-rithist airson geama ball-coise aig Mòd Loch Abar an dèidh dhaibh call 3-0 ri Kernow FA ann an Cupa nan Dùthchannan Ceilteach air an t-samhradh seo. Le taing don Chomunn Ghàidhealach, thig an sgioba còmhla a-rithist, chan ann a-mhàin airson trèanadh, ach airson pàirt a ghabhail ann an comharrachadh nas fharsainge air cànan, cultar agus dearbh-aithne na Gàidhlig aig a' Mhòd.

Alba FA Men's Team regroup for a football match at Mòd Loch Abar after a 3-0 defeat to Kernow FA in this summer's Celtic Nations Cup. With thanks to An Comunn Gàidhealach, the team will come together again, not only to train, but to take part in the wider celebration of Gaelic language, culture, and identity at the Mòd.

Gheibhear barrachd fiosrachadh aig Albafa.com
Find out more at Albafa.com



# Cupannan Camanachd a' Mhòid
## Mòd Shinty Cups

Fear Abrach a thòisich iomain leis a' Ghearasdan, is a chluich airson Poileas Shrath Chluaidh. Thòisich Graeme MacDiarmid Gàidheil Ghlaschu, a' chiad sgioba Gàidhlig airson òigridh an Alba agus fhuair e an dà gheall-dùbhlain LearnGaelic is Mòd Ghlaschu airson boireannaich is òigridh. Tha e na neach-ionnsachaidh agus na bhall còisir agus na dheagh roghainn airson Ceann-feachda na Camanachd ann an Loch Abair 2025 's a' coimhead air adhart ri Mòd Ghlaschu ann an 2026.

A Lochaber man who played for Fort William before moving to the Strathclyde Police team. Graeme MacDiarmid was instrumental in setting up the Glasgow Gaels, the first team for Gaelic youth in Scotland and secured the LearnGaelic Trophy and Mòd Ghlaschu Trophy for women and youth shinty.  A Gaelic learner and a keen choir member, Graeme is a fantastic ambassador and choice as Shinty Chieftain for 2025 as well as one eye on Mòd Ghlaschu in 2026.

| | | |
|---|---|---|
| **10:30-12:15** | **Mòd Ghlaschu Cup**<br>*Primary Sixes* | **Fraser Field** |
| **12:30-14:00** | **LearnGaelic Trophy**<br>Women's Mòd Cup<br>*Lochaber v Glengarry* | **Fraser Field** |
| **14:15-16:00** | **Aviemore Trophy**<br>Men's Mòd Cup<br>*Ardnamurchan v Ballachulish* | **An Àird** |
| **16:30-18:00** | **Official Function** | **FWSC Clubhouse** |





**TIOGAIDEAN**
TICKETS



# Ar Cànan 's Ar Ceòl

**Ionad Nibheis, Prìomh Thalla | 19:30**
Nevis Centre Auditorium

Oidhche de cheòl agus dannsa, a' taisbeanadh a' bheartais de thàlant a th' ann an Loch Abar. 'S e cuirm-chiùil air leth a bhios ann, le ceòl bho chòmhlain-phìoba agus còisirean na sgìre, Lochaber Strathspey & Reel Society, Cèilidh Trail Fèis Loch Abar agus "Sealladh", còmhlan òg bho Àrd-sgoil Àird nam Murchan. A bharrachd air a' cheòl, bidh na dannsairean aig Jane Douglas a' nochdadh air an àrd-ùrlar cuideachd agus aig cridhe chùisean bidh "còmhlan-taighe" de shàr luchd-ciùil à Loch Abar, Eòghann MacEunraig, Raonaid Nic an Fhùcadair, Aonghas MacNeacail, Ros Màrtainn agus Raibeart Nairn. Thigibh còmhla rinn airson oidhche air leth de cheòl binn Loch Abar!

An evening of music and dance showcasing the wealth of talent Lochaber has to offer. This promises to be a fantastic night's entertainment with music from local pipe bands and Gaelic choirs, the Lochaber Strathspey & Reel Society, the Fèis Lochabair Cèilidh Trail and Ardnamurchan High School's trad group "Sealladh". There will also be some fabulous steps from the Jane Douglas School of Dance and, at the heart of proceedings, a house-band of top Lochaber musicians Ewen Henderson, Rachel Walker, Angus Nicolson, Ross Martin and Robert Nairn. Come along and celebrate Lochaber's Gaelic culture at its finest!



## **Seirbheis Eaglais a' Mhòid**
## Mòd Church Service

### **Eaglais Bhaile Dhonnchaidh | 14:30**
### Duncansburgh Church

Leis gu bheil an t-seirbheis seo air a chraoladh beò air Radio nan Gàidheal, thathas ag iarraidh air a' choitheanal a bhith an làthair aig 1430 airson an t-seirbheis a' tòiseachadh aig 1500.

As this event will be broadcast live on Radio nan Gàidheal, we ask the public to arrive at 1430 for the service starting at 1500.




# Ceòl Soisgeulach Ceilteach
Celtic Praise

## Eaglais Bhaile Dhonnchaidh | 19:00
Duncansburgh Church

A' comharrachadh ar cànain, ceòl agus òrain na Gàidhlig, a' toirt còmhla guthan bho air feadh Loch Abar agus nas fhaide air falbh airson oidhche de dh'aoibhneas agus traidisean.

Le luchd-ciùil sean is òg, tha an tachartas seo a' toirt urram do thobar dhomhainn dualchas na Gàidhlig nar coimhearsnachdan - seann laoidhean gu adhradh an latha an-diugh. 'S e cruinneachadh de ghinealaichean a th' ann, aonaichte le creideamh, cultar agus cumhachd òrain.

Òran taing, comharrachadh air cànain - is e seo Ceòl Soisgeulach Ceilteach.

A heartfelt celebration of Gaelic language, music, and song, bringing together voices from across Lochaber and beyond for an evening of reflection, joy, and tradition.

Featuring performers both young and old, this event honours the deep well of Gaelic heritage in our communities — from ancient hymns to contemporary praise. It's a gathering of generations, united by faith, culture, and the power of song.

A song of thanks, a celebration of language – this is Celtic Praise.




# Sruth

**Colaiste na Gàidhealtachd an Iar | 10:00 & 14:00**
West Highland College

***Diluain & Dimàirt***
*Monday & Tuesday*

Cothrom do dh'òigridh aois 7-11 a thighinn còmhla ri sgioba CBBC ALBA gus beagan obair telebhisein fheuchainn! An còrdadh e riutsa a bhith nad phreasantair, feuchainn air dùbhlan neo ceistean a chur air an sgioba? Thig còmhla rinn, agus a thuilleadh air spòrs agus feall-dhà, ionnsaichidh tu rud no dhà!

An opportunity for young people age 7-11 to join the CBBC ALBA television team and learn a little about their work! Would you like to try your hand at television presenting, mastering a challenge or picking up some interviewing tips, come and join us for a fun-filled Gaelic session where you'll also learn about tv production!




**CLÀRAICH**
REGISTER




**CLÀRAICH**
REGISTER

# Cruth - Na Meadhanan Sòisealta

**Colaiste na Gàidhealtachd an Iar**
West Highland College

***Diluain / Monday 09:30, 11:30, 14:30***
*Dimàirt / Tuesday 10:00, 14:00*

Thigibh còmhla rinn gu Cruth, far am bi deugairean le Gàidhlig nan sgeulaichean didseatach! Tro na cùrsaichean goirid seo, bidh com-pàirtichean a' togail eòlais air cruthachadh susbaint agus a' clàradh bhidio. Bidh buidheann Cruth ag aithris aig a' Mhòd, eadar agallamhan le luchd-frithealaidh agus a' riochdachadh spiorad na seachdaine. Chan eil feum air eòlas sam bith ro làimh - cuiridh iad an cruth aca fhèin air an t-susbaint. Na caill a-mach! Clàraibh airson àite a ghlèidheadh no feuch air an latha - tha Cruth a' feitheamh ri na beachdan chruthachail agaibh.

Join us at Cruth, where Gaelic speaking teens become digital storytellers! During this crash course, participants will dive into the world of content creation and video production. Our Cruth cohort will become the Mòd's roving reporters, interviewing festival-goers and capturing the spirit of the event. No prior experience required - they'll get to shape their own content. Don't miss out! Register to save a space or drop in on the day if we have space available – Cruth awaits your creative spark.

CnaG

# Sradagan

## aig a' Mhòd

**Loidse Taobh na h-Aibhne | 10:00-13:00**
Waterfront Lodge

***Diluain, Dimàirt & Diciadain***
*Monday, Tuesday & Wednesday*

Club Òigridh le ealain, geamaichean & tòrr spòrs!

Children's Gaelic club with arts, games & lots of fun!




**CLÀRAICH**
REGISTER



# Bilingual Puppets and Stories

**Leabharlann a' Ghearasdain | 11:00-12:30**
Fort William Library

Cruthaich do phupaid craoibhe fhèin den aibidil Gàidhlig agus cuidich le bhith a' cruthachadh sgeulachd ùr a' cleachdadh do chruthachaidhean. Feumaidh inbheach a bhith còmhla ris a' chloinn.

Create your own Gaelic alphabet tree puppet and help create a new story using your creations.  All children must be accompanied by an adult.



# Bookbug

**Colaiste na Gàidhealtachd an Iar | 10:30**
West Highland College

Seisean sgeulachdan, òrain is rannan do chloinn eadar 0-5 bliadhna a dh'aois agus am màthraichean, an athraichean agus an luchd-cùraim. Fàilte air a h-uile duine!

Story, song and rhyme session for children aged 0-5 years and their mums, dads and carers. Everyone is welcome!

SPÒRS GÀIDHLIG



CLÀRAICH
REGISTER

# Bòrd-seasaimh
## Stand Up Paddleboarding

**13:30-17:00**

C5-7 Fileanta sa Ghàidhlig. 12 àite.
P5-7 Fluent. 12 spaces.

# Duaisean Litreachais na Cloinne

**An Taigh-dhealbh Gàidhealach | 16:00**
The Highland Cinema

Bidh sinn a' comharrachadh farpaisean litreachais na cloinne le bhith a' toirt seachad duaisean airson earrainnean sgrìobhaidh, ealain agus meadhanan airson Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo.  Bidh gu leòr spòrs is fealla-dhà ann cuideachd!

Join us for the Junior Literature prize-giving ceremony as we celebrate some of the winning competitors in writing, art and media categories.  This will be an informal, fun session!

*Le taic bho SQA, Comhairle nan Leabhraichean agus The Learned Kindred of Currie.*



# Àm Stòiridh
## Storytime

**Leabharlann a' Ghearasdain | 18:00-19:00**
Fort William Library

***Diluain & Dimàirt***
*Monday & Tuesday*

Thigibh còmhla rinn airson sgeulachd mus tèid sibh a chadal. Gheibh clann leth-bhreac de Sgeulachd Pheadair Rabaid, agus èistidh sinn ris an sgeulachd agus seinnidh sinn òrain mu choineanaich. Feumaidh inbheach a bhith còmhla ris a' chloinn.

Come along for a pre-bedtime story. Children will be given a copy of Sgeulachd Pheadair Rabaid, and we will listen to the story and sing some rabbit themed songs. All children must be accompanied by an adult.






# Moladh Eisirean
## A Celebration of Oysters

**Loidse Taobh na h-Aibhne | 14:30 - 16:00**
Waterfront Lodge

***Diluain & Dimàirt***
*Monday & Tuesday*

Dh'fhaodadh gu bheil coltas beag air eisirean, ach tha iad air eag-shiostaman a dhìon, coimhearsnachdan a chumail suas, agus traidiseanan a bhrosnachadh airson linntean. Thig còmhla ri Moladh Eisirean airson bùth-obrach chruthachail, phractaigeach far an ionnsaich thu òran mu mhaorach, far an cluinnear sgeulachdan, far am faighear air eisirean fheuchainn agus obair-ealain a dhèanamh. Gheibhear a-mach mu obair ath-nuadhachaidh eisirean a tha a' tachairt faisg air Loch Abar.

Air a chumail le Pròiseact Eisirean Oilthigh Ghlaschu. Ath-nuadhachadh eisirean dùthchasach airson buannachdan nàdarra, eaconamach agus cultarail agus ath-nuadhachadh choimhearsnachdan cladaich tro shaidheans agus cànan.

Oysters may seem small, but they've shaped ecosystems, sustained communities, and inspired traditions for centuries. Join Moladh Eisirean for a creative, hands-on workshop where you'll learn a song about shellfish, share stories, taste an oyster, craft your own cuddly oyster to take home, and discover the oyster restoration work happening near Lochaber.

Hosted by Glasgow University's Project Eisirean. Restoration of native oysters for natural, economic and cultural benefits and the regeneration of coastal communities via science and language.

# Cèilidh Teaghlaich
## Family Cèilidh

**Ionad Nibheis, Stiùideo 1 | 18:30**
Nevis Centre, Studio 1

***Diluain & Dimàirt***
*Monday & Tuesday*

Pailteas spòrs don chloinn, le ceòl, geamannan agus gu leòr dannsa. Air a lìbhrigeadh le taic bho Chomunn na Gàidhlig.

Fun for children with music, games and plenty of dancing. Supported and delivered by Comunn na Gàidhlig.







TIOGAIDEAN
TICKETS

Westholidays

# **A' seinn na Pìoba**
## Piping Recital

**Cafaidh, An Taigh-dhealbh Gàidhealach**
The Highland Cinema Café
**19:30**

Thigibh còmhla rinn airson 'A' seinn na Pìoba', oidhche de phìobaireachd le cuid den fheadhainn as fheàrr a th' ann; Ailean Dòmhnallach & Aonghas MacNeacail, còmhla ri tàlant ionadail à Loch Abar.

Faighibh fois ann an Taigh-dhealbh na Gàidhealtachd, àite tarraingeach agus leigibh leis a' cheòl ur giùlan thar ghleanntan agus bhlàran. Eadar gu bheil sibh a' leantainn pìobaireachd no ùr don cheòl mhòr agus don cheòl bheag, 's e seo oidhche de phìobaireachd nach eilear ag iarraidh a chall.

Join us for 'A' Seinn na Pìoba', an evening of piping featuring some of the best in the business; Allan MacDonald & Angus Nicolson, alongside local Lochaber talent.

Settle into the glow of the stunning Highland Cinema and let the music carry you across glens, battles, laments and triumphs. Whether you're a piping purist or new to the ceòl mòr and ceòl beag, this is a night of piping, pride, and Highland tradition not to be missed.




# Bilingual Bookbug

### Leabharlann a' Chaoil | 11:00-11:30
Caol Library

Thigibh còmhla rinn airson an t-seisean Bookbug àbhaisteach againn ach le tionndadh ùr. Bidh sinn ag innse sgeulachdan, a' seinn òran, agus a' faighinn spòrs ann an Gàidhlig agus Beurla. Feumaidh inbheach a bhith còmhla ris a' chloinn.

Join us for our regular Bookbug session but with a twist.  We will be telling stories, singing songs, and having fun in both Gaelic and English. All children must be accompanied by an adult.

# Bookbug

### Colaiste na Gàidhealtachd an Iar | 10:30
West Highland College

Seisean sgeulachdan, òrain is rannan do chloinn eadar 0-5 bliadhna a dh'aois agus am màthraichean, an athraichean agus an luchd-cùraim. Fàilte air a h-uile duine!

Story, song and rhyme session for children aged 0-5 years and their mums, dads and carers. Everyone is welcome!

# Bilingual drop in crafts

### Leabharlann a' Ghearasdain | 13:00-15:00
Fort William Library

Thig a-steach do Leabharlann a'  Ghearasdain eadar 1-3f airson àm cruthachail. Feumaidh inbheach a bhith còmhla ris a' chloinn.

Drop into Fort William Library between 1-3pm and release your creative side.  All children must be accompanied by an adult.



CLÀRAICH
REGISTER

SPÒRS GĀIDHLIG

## Sligheadaireachd
Orienteering Challenge

**09:30-12:00**

**C5-S3 Fileanta sa Ghàidhlig. 20 àite.**
P5-S3 Fluent. 20 spaces.

## Bòrd-seasaimh
Stand Up Paddleboarding

**13:30-17:00**

**S1-S4 Fileanta sa Ghàidhlig. 12 àite.**
S1-S4 Fluent. 12 spaces.



# Cèilidh sa Cheàrnag
## Street Cèilidh

### Ceàrnag Chamshron | 13:00
Cameron Square

Thigibh gu Cèilidh sa Cheàrnag còmhla ri còmhlan Robert Nairn airson cèilidh beòthail le ceòl, dannsa agus craic Gàidhealach! Ge bith a bheil sibh a' seinn, a' cluich, a' dannsa no dìreach ga ghabhail a-steach, tha rudeigin ann airson a h-uile duine aig a' chèilidh seo.

Get your feet tapping and your hands clapping – Cèilidh sa Cheàrnag brings music to the heart of the town! Join us in Cameron Square with the Robert Nairn Dance Band for a rousing street cèilidh featuring an exciting mix of local legends and visiting talent. Expect toe-tapping tunes, spontaneous dancing, and that unmistakable Highland craic – open-air cèilidh at its finest! Whether you're singing, playing, dancing or just soaking it all in, there's something for everyone at this community celebration.




**TIOGAIDEAN**
TICKETS

# Cogadh nan Còmhlan
## Battle Of The Bands Finals U19

**Eaglais Bhaile Dhonnchaidh | 19:30**
Duncansburgh Church

Farpais a tha a' taisbeanadh an tàlant ùr ann an saoghal na Gàidhlig agus ceòl traidiseanta. Gheibh an còmhlan a bhuannaicheas cothrom clàraidh còmhla aig stiùidio ionadail.

A competition showcasing the emerging talent on the Gaelic and traditional music scene. The winning band will receive a prize of studio time at a local studio.

# Òrain Alba Nuaidh Remembered in Exile: Cuirm-chiùil le Màiri Nic'IlleMhoire & Alasdair Roberts

## Songs and Ballads from Nova Scotia

**An Taigh-dhealbh Gàidhealach | 20:00**
Highland Cinema, Screen 1

Dh'obraich Màiri Nic'IlleMhoire, Alasdair Roberts agus ceòladair à Canada Pete Johnston air òrain traidiseanta le freumhan Albannaich air an cruinneachadh le beul-aithrisiche Eilidh Creighton (1899-1989) a dh'ullaich i air taobh sear Canada.

Màiri Morrison and Alasdair Roberts collaborated with Canadian bassist/musical arranger Pete Johnston on an album featuring songs with Scottish roots by folklorist Helen Creighton (1899-1989) who collected traditional songs on Canada's eastern seaboard.



**TIOGAIDEAN**
TICKETS



# Leugh is Seinn le Linda

**Eaglais Bhaile Dhonnchaidh**
Duncansburgh Church
**10:30 (aois 0-5)**
**12:30 (aois 5-8)**

Seiseanan-leughaidh Gàidhlig le sgeulachdan, òrain, pupaidean agus geamannan, air an libhrigeadh le Linda NicLeòid bhon TBh!

Fun-filled Gaelic reading sessions with stories, songs, puppets and games, led by acclaimed BBC presenter, Linda Macleod!

SPORS GÀIDHLIG

## Claiseachd
Gorge Scrambling

**13:30 - 17:00**

**C5-7 Fileanta sa Ghàidhlig. 12 àite.**
P5-7 Fluent. 12 spaces.

---

## Dùbhlan-beinne: Beinn Nibheis
Hillwalk to the summit of Ben Nevis

**09:00-17:00**

S1+ Fosgailte do dheugairean is pàrantan a tha fileanta sa Ghàidhlig. 12 àite.



**CLÀRAICH**
REGISTER



# Bàird Abrach le John Hutchison

**An Taigh-dhealbh Gàidhealach | 11:00**
The Highland Cinema, Screen 1

Thigibh còmhla rinn airson blas air saoghal nam bàrd Gàidhlig, a' togail air a' phrìomh àite a th' aca ann am beatha na Gàidhealtachd agus an dìleab mhaireannach an seo ann an Loch Abar. Tha an òraid seo a' toirt mion-sgrùdadh air eachdraidh, sgeulachdan, agus òrain bho chòrr air fichead bàrd mar Iain Lom, Sìleas na Ceapaich, Alasdair mac Mhaighstir Alasdair. Cluinnear guthan an latha an-diugh leithid Raonaid Nic an Fhùcadair agus Griogar Labhruidh. Òrain, sgeulachdan agus sèist no dhà.

Join us for a lyrical journey into the world of the Gaelic bard, touching on their central role in Highland life and their enduring legacy here in Lochaber. This talk delves into the history, stories, and songs of over twenty bards, including iconic figures like Iain Lom, Sìleas na Ceapaich, Alasdair mac Mhaighstir Alasdair, and contemporary voices such as Raonaid Nic an Fhùcadair and Griogar Labhruidh. Expect songs, stories and a chorus or two.

# Na Duaisean Litreachais

## An Taigh-dhealbh Gàidhealach | 12:00
The Highland Cinema

Bidh sinn a' comharrachadh farpaisean litreachais nan inbheach le bhith a' toirt seachad duaisean airson earrainnean sgrìobhaidh airson Mòd Nàiseanta Rìoghail na bliadhna seo.

Join us for the Senior Literature prize-giving ceremony as we celebrate some of the winning competitors in writing categories.

Le taic bho SQA, Comhairle nan Leabhraichean agus The Learned Kindred of Currie





# Cèilidh sa Cheàrnag
## Street Cèilidh

### Ceàrnag Chamshron | 13:00
Cameron Square

Thigibh gu Cèilidh sa Cheàrnag còmhla ri còmhlan Màrtainn Skene airson cèilidh beòthail le ceòl, dannsa agus craic Gàidhealach! Ge bith a bheil sibh a' seinn, a' cluich, a' dannsa no dìreach ga ghabhail a-steach, tha rudeigin ann airson a h-uile duine aig a' chèilidh seo.

Get your feet tapping and your hands clapping – Cèilidh sa Cheàrnag brings music to the heart of the town! Join us in Cameron Square with the Màrtainn Skene Dance Band for a rousing street cèilidh featuring an exciting mix of local legends and visiting talent. Expect toe-tapping tunes, spontaneous dancing, and that unmistakable Highland craic – open-air cèilidh at its finest! Whether you're singing, playing, dancing or just soaking it all in, there's something for everyone at this community celebration.





# A' leantainn ceumannan Iain Luim agus Abraich eile ann am Bràigh Loch Abar

**An Taigh-dhealbh Gàidhealach | 14:00**
The Highland Cinema

Turas tro chruthan-tìre agus eachdraidh Bràigh Loch Abar, a' leantainn ceumannan bàrd Gàidhlig an 17mh linn, Iain Lom agus a leithid. San òraid seo bidh an t-Àrd-ollamh Uisdean Cheape a' bruidhinn air a' bheairteas de bheul-aithris agus eachdraidh a tha timcheall air na gaisgich sin, a' sgrùdadh na tha am beatha ag innse dhuinn mu Ghàidhealtachd nan linntean a dh'fhalbh agus carson a tha na guthan sin fhathast cudromach an-diugh. Tha e na chomharrachadh air dualchas na Gàidhlig, cumhachd àite, agus cho cudromach sa tha e na sgeulachdan sin a chumail beò airson ginealaichean ri teachd.

A journey through the landscapes and legends of Brae Lochaber, following in the footsteps of the 17th-century Gaelic poet Iain Lom and his contemporaries. In this talk Professor Hugh Cheape uncovers the rich tapestry of oral tradition, folklore, and history that surrounds these figures, exploring what their lives tell us about the Highlands of long ago and why these voices still matter today. It's a celebration of Gaelic heritage, the power of place, and the importance of keeping these stories alive for future generations.




# Cur air bhog leabhar Fiona J. NicChoinnich

**An Taigh-dhealbh Gàidhealach | 16:00**
The Highland Cinema

Nuair a chaidh Mairead Fay Seathach à Pittsburgh, Pennsylvania, a chur air falbh gu Alba mar nighean òg, seachd bliadhna deug a dh'aois, airson bliadhna sgoile ann am Bail' Eilidh, cha robh fios aig duine – aice fhèin no aig an teaghlach aice – dè bha an dàn dhith. Nighean chomasach ach dìuid aig nach robh smuain ach air a piàna agus a cait, cò shaoileadh gun rachadh i air adhart gu bhith na guth cudromach ann an cultar is dualchas Ghàidhlig na h-Alba – agus gu dearbh, an saoghal fhèin?

Bha Fiona J. NicChoinnich, a choisinn am Bonn Òir ann an Steòrnabhagh ann an 2005, na tasglannaiche ann an Taigh Chanaigh airson faisg air naoi bliadhna, agus a-nis tha i a' foillseachadh a' chiad leabhar-beatha aig Mairead airson Birlinn. Anns a' phrògram seo, bidh i ag innse dhuinn mun leabhar, "Cadence of a Song – the Life of Margaret Fay Shaw" agus mun adhbhar, agus ciamar, a rinn i e. Bidh òran neo dhà ann cuideachd le taic bho Yvonne Lyon, ceòladair cliùiteach a choisinn duaisean a tha air a bhith ag obair còmhla ri Fiona fad bhliadhnaichean air goireasan Mhairead agus an uair sin bidh iad a bruidhinn ri chèile mu dheidhinn Mairead fhèin. Bha Mairead a' fuireach ann an Canaigh fad 66 bliadhna, agus bhàsaich i ann an Ospadal Belford, An Gearasdan, ann an 2004 aig aois 101.

Thèid an tachartas seo a thaisbeanadh gu dà-chànanach.



When Margaret Fay Shaw from Pittsburgh, Pennsylvania, was sent off to Scotland as a young girl, seventeen years old, for a school year in Helensburgh, no one – not even herself or her family – could have known what the future held for her. A bright but shy girl, who cared only for her piano and her cats, who could have said she would go on to become an important voice in the Gaelic culture and heritage of Scotland – and indeed, the world itself?

Fiona J. Mackenzie, who won the Gold Medal in Stornoway in 2005, was the archivist in Canna House for nearly nine years, and now she is publishing Mairead's first biography with Birlinn. In this programme, she will tell us about the book, "Cadence of a Song" and the reason, and how, she wrote it. There will also be a song or two, with support from award winning musician Yvonne Lyon, who has been working with Fiona for years on Margaret's materials and then they will be speaking together about Margaret herself.
Margaret lived on Canna for 66 years and died in the Belford Hospital, Fort William in 2004 at the age of 101.

This event will be presented bilingually.

# Farpaisean Crìochnachaidh an Aigeallain Airgid
## Silver Pendant Final

**Ionad Nibheis, Prìomh Thalla | 14:00**
Nevis Centre Auditorium

Òrain bho sheinneadairean fireann is boireann aig an ìre as àirde agus iad a' farpais airson an Aigeallan Airgid.

Performances from top male and female singers as they compete for the Silver Pendant.



**TIOGAIDEAN**
TICKETS



FASSFERN
HIGHLAND GIN

ROSLIN
DISTILLERS LTD

# Gabh Òran
## Cèilidh Singing Challenge

**An Teanta Mhòr, Ionad Nibheis | 16:00**
The Marquee, Nevis Centre

Bheir Cèilidh Teanta a' Mhòid ceòl gu cridhe a' bhaile le fear an taighe, Robert Robastan! Thigibh còmhla rinn airson cèilidh beòthail le ceòl, dannsa agus craic Gàidhealach! Ge bith a bheil sibh a' seinn, a' cluich, a' dannsa no dìreach ga ghabhail a-steach, tha rudeigin ann airson a h-uile duine aig a' chèilidh seo.

Gabh Òran brings you the heart and soul of cèilidh singing in our Mòd marquee! Whether you're a seasoned singer or just fancy giving a song for the craic, this laid-back competition is all about sharing stories through song. Expect everything from ballads to belters, a good laugh, and maybe even a tear or two. Keep a look out on our Mòd Loch Abar 2025 social media for more information on how to sign up for the event.  Bring your best chorus and join us for a celebration of all things cèilidh with MC Robert Robertson!

**CLÀRAICH**
REGISTER

# Dràma a' Mhòid
## Mòd Drama Final

**Àrd-sgoil Loch Abar | 19:00**
Lochaber High School

Oidhche gu math beòthail le buidhnean-dràma nan coimhearsnachdan ionadail bho air feadh Alba is iad a' feuchainn gu cruaidh airson raoin farsaing de dhuaisean.

A very popular, lively evening of performances by local community drama groups.



**TIOGAIDEAN**
TICKETS




TIOGAIDEAN
TICKETS

# Farpaisean Crìochnachaidh Buinn Òir a' Chomuinn Ghàidhealaich

## An Comunn Gàidhealach Gold Medal Final

**Ionad Nibheis, Prìomh Thalla | 19:30**
Nevis Centre Auditorium

Òrain bho sheinneadairean aig an ìre as àirde agus iad a' farpais airson Buinn Òir A' Chomuinn Ghàidhealaich.

Performances from top singers as they compete for the An Comunn Gàidhealach Gold Medals.

# Campa Ball-coise Alba FA
## Alba FA Football Camp

**Pàirce Àrd-sgoil Loch Abar | 09:00-14:00**
Lochaber High School Astro

***Diardaoin & Dihaoine***
*Thursday & Friday*

**GME, Boys & Girls**

Thigibh còmhla rinn airson campa ball-coise fad dà latha aig Mòd Loch Abar air a lìbhrigeadh le còidseachan Alba FA. Thathar an dùil gum brosnaich an tachartas an ath ghinealach agus thèid againn air leasachadh cànan tro bhith a' cluich ball-coise mar choimhearsnachd.

Join us for a two-day football camp at the Mòd in Lochaber, bringing together young players from across our communities. Led by Alba FA coaches, the camp aims to inspire the next generation and celebrate the development of the Gaelic language through community-based football activity.



**CLÀRAICH**
REGISTER



CLÀRAICH
REGISTER

SPORS GĀIDHLIG

## Claiseachd
Gorge Scrambling

**13:30 - 17:00**

**C5-7 Fileanta sa Ghàidhlig. 12 àite.**
P5-7 Fluent. 12 spaces.

Mòd
LOCH ABAR **25**

West Highland Chamber of Commerce
Working for Community & Business

# **Cruinn Còmhla**
## Business Networking Lunch

### **Taigh-bìdh Ghleann Nibheis | 13:00**
Glen Nevis Restaurant

Na caill an cothrom a thighinn còmhla rinn airson Lòn Cruinn Còmhla! 'S e cothrom air leth a tha seo ceangal a dhèanamh ri stiùirichean gnìomhachais agus cothroman ùra inntinneach a rannsachadh ann an taobh an iar na Gàidhealtachd. Gheibh buannaichean a' chiad phrògram *Cruthachadh Chothroman Gnìomhachais* aig HIE na duaisean aca mar phàirt den tachartas seo.

Don't miss out on the chance to join us for the Cruinn Còmhla Networking Lunch! This is a fantastic opportunity to connect with business leaders and explore exciting new opportunities in the West Highlands. Winners of HIE's inaugural *Cruthachadh Chothroman Business Accelerator programme* will be presented with their awards as part of this event.





# Blasad Loch Abar
## Taste of Lochaber

**Ionad Nibheis, Ionad-fàilteachaidh | 10:00-16:00**
Main Foyer, The Nevis Centre

Comharrachadh aon-latha de bhiadh, deoch agus toradh iongantach bho air feadh na sgìre againn. A' gabhail àite mar phàirt den Mhòd, bidh an taisbeanadh sònraichte seo a' toirt riochdairean ionadail còmhla, a' toirt cothrom blasad fhaighinn, deoch a ghabhail agus ceannach an stuth as fheàrr a tha aig an sgìre againn ri thabhann.

Bho bhèicearachd traidiseanta, deoch, ciùird-làimhe, tha Blasad Loch Abar na thaisbeanadh air coimhearsnachd agus cultar. Thigibh còmhla rinn agus thoiribh taic don àite – agus faighibh a-mach mu fhìor bhlas Loch Abar.

A one-day celebration of the incredible food, drink, and handmade produce from across our region. Taking place as part of the Mòd, this special showcase brings together local producers, giving you the chance to sample, sip, and shop the very best our area has to offer.

From traditional bakes to Highland spirits, fresh produce to artisan crafts, Blasad Loch Abar is a feast for the senses and a celebration of community, creativity, and culture – all in one vibrant day. Come along and support local – and discover the true flavour of Lochaber.

# Farpais Latharna agus an t-Siorraim
## Combined Rural Choirs Competition

**Ionad Nibheis, Prìomh Thalla | 13:30**
Nevis Centre Auditorium

Còisirean a' farpais airson Sgiath Latharna agus Cuach Cuimhneachaidh an t-Siorraim MacMhaighstir Caimbeul.

Choirs contest the Lorn Shield and Sheriff MacMaster Campbell Memorial Quaich.



**TIOGAIDEAN**
TICKETS





# Còcaireachd, Cuileanan, Craic is Cèilidh

**Ceàrnag Chamshron | 17:00**
Cameron Square

Thigibh an cuideachd rionnagan BBC ALBA, Pàdraig MacCuidhein bho Bhothag Phàdraig agus Màiri Anna NicUalraig bho Rùrachd, is iad a' muigh a' deasachadh bìdhe bho Nàdar a bhlàthicheas corp is cridhe, le ceòl, craic is còmhradh na chois. Tha Pàdraig agus Màiri Anna a' toirt cuireadh dhuibh blasad fhaighinn air deagh bhiadh ionadail, aig cridhe gnothaich, agus deagh òrain Ghàidhlig dha-rèir. Bidh iad air àrd-shràid a' bhaile le greim bìdhe, drama, sgeulachdan èibhinn is cothrom sèist no dhà a sheinn ga thabhann. Bidh Pàdraig a' comharrachadh foillseachadh Tails of Scotland' gun dàil, 'cù' aig a tha fios nach nochd Peigi is Flòraidh bheag cuideachd?

Join BBC ALBA stars, Peter MacQueen Highland Hutter and Rùrachd's Mary Ann Kennedy as they cook up an irresistible outdoor combination of delicious warming treats inspired by Nature's bounty, accompanied by stories, craic and live music. Peter and Mary Ann invite you to share their passion for sustainable, locally sourced good food and a good Gaelic song on Fort William's High Street with a bite to eat and a wee dram on offer alongside their good-natured chat and a chance to join in a chorus or two. And with Paddy celebrating the publication of 'Tails of Scotland', who's to say wee Flòradh and Peigi won't put in an appearance?

# Farpais Crìochnachaidh An t-Seann Nòis
## The Traditional Gold Medal Final

**Ionad Nibheis, Prìomh Thalla | 19:30**
Nevis Centre Auditorium

Na seinneadairean traidiseanta aig an ìre as àirde a' farpais airson Buinn Òir Thraidiseanta Mhàiri NicLaomainn.

The top traditional singers contest the coveted Mary Lamont Traditional Gold Medals.



**TIOGAIDEAN**
TICKETS



# Seisean Ciùil
## Open Music session

**Leabharlann a' Ghearasdain | 17:00**
Fort William Library

Thoireabh leibh na h-ionnsramaidean, na h-òrain, agus na sgeulachdan agaibh airson seisean teaghlaich socair san leabharlann. Tha an seisean seo arson gach aois agus luchd-ciùil is seinneadairean òga a bhrosnachadh gus pàirt a ghabhail.

Bidh sgeulachd ghoirid againn cuideachd airson àm na leapa airson com-pàirtichean nas òige. Feumaidh clann fo aois 14 a bhith còmhla ri inbheach.

Bring your instruments, songs, and stories for a relaxed family session in the library. This session is for all ages and young musicians and singers are encouraged to come along and take part.

We will also have a short bedtime story for younger participants to enjoy. Children under 14 need to be accompanied by an adult.

# Oidhche Blasad Uisge-beatha
## Whisky Tasting Night

**Ionad Nibheis, Stiùideo 1 | 19:00**
Nevis Centre, Studio 1

Oidhche shònraichte a' comharrachadh spiorad na h-Alba – gu litireil! Thigibh còmhla ri Max Stephen, eòlaiche uisge-beatha ionadail aig a bheil Gàidhlig, agus e a' fosgladh cuid de na botail as fheàrr bho air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eileanan, gar stiùireadh tro na blasan air cùl gach drama. Ge bidh an e neach-eòlais uisge-beatha a th' annad no dìreach a' sireadh fiosrachadh, thigibh is faighibh deoch!

A special evening celebrating the spirit of Scotland – quite literally! Join local Gaelic-speaking whisky connoisseur Max Stephen as he uncorks some of the finest bottles from across the Highlands and Islands, guiding us through the flavours behind each dram. Whether you're a seasoned enthusiast or just whisky-curious, come and have a nip!



**CLÀRAICH**
REGISTER



# RADIO NAN GÀIDHEAL

## A' Mire Ri Mòir

**Club Rèile | 10:00**
Railway Club

Feuch gun dèan sibh mocheirigh airson a' chèilidh as motha agus as tràithe aig a' Mhòd! Thigibh a Mhire ri Mòir ann an Club Sòisealta na Rèile sa Ghearasdan bho 10:00 gu 13:00. Air clàr-bìdh ar bracaist - ceòl, òrain, seanchas is sgeulachdan, 's gar frithealadh, Mòrag Dhòmhnallach.

Make sure you get ready for the biggest and earliest cèilidh of the Mòd! Join us at the Railway Social Club in Fort William from 10:00 to 13:00. On the menu for our breakfast - music, songs, tales and stories, hosted by Morag MacDonald.



# Farpais Thulaich Bhàrdainn & Mairead NicDhonnchaidh
## Combined Area Choirs Competition

**Ionad Nibheis, Prìomh Thalla | 13:30**
Nevis Centre Auditorium

Còisirean a' farpais airson Sgiath Mhic Shimidh is Thulaich Bhàrdainn & Cuach Cuimhneachan Mhairead NicDhonnchaidh.

The regional choirs contest the Lovat & Tullibardine & Margrat Duncan trophies.

**TIOGAIDEAN**
TICKETS





**TIOGAIDEAN**
TICKETS

BEINN LEE

# An Dannsa Mòr le Beinn Lee

**Ionad Nibheis, Prìomh Thalla | 20:00**
Nevis Centre Auditorium

Thathas a' crìochnachadh na seachdain ann an dòigh Gàidhealach agus leis an Dannsa Mòr le Beinn Lee! Tha an t-àm ann na brògan dannsaidh a chur oirbh, agus a dhol air an làr airson dannsa traidiseanta math far am bi fàilte air a h-uile duine. Le deagh cheòl agus craic na h-Abraich.

We're ending the week in true Highland style with An Dannsa Mòr – our final fling at the Nevis Centre with Beinn Lee! It's time to dust off your dancing shoes, grab a partner and hit the floor for a good old-fashioned cèilidh dance where everyone's welcome. With good tunes and plenty of laughs it's heel, toe, and away we go in true Lochaber style.




## Co-Chòisirean
Massed Choirs

**Ceàrnag Chamshron | 10:00-12:00**
Cameron Square

Thigibh còmhla ri na còisirean gu lèir gus crìoch iomchaidh a chur air Mòd Loch Abar.

Join the massed choirs for a fitting finale to the Lochaber Mòd.

## Last Hurrah

**Leabharlann a' Ghearasdain**
Fort William Library

Thigibh a-steach do leabharlann a' Ghearasdain an dèidh nan Co-Chòisirean airson an hòro-gheallaidh mu dheireadh. Thig còmhla ri caraidean, faighibh cupa tì no cofaidh agus briosgaid, agus seinnibh òran. Cothrom soraidh slàn a thoirt do Mhòd na bliadhna seo!

Drop into Fort William library after the massed choirs for a last hurrah. Join with friends, enjoy a cup of tea or coffee and a biscuit, share a song and bid farewell to this year's Mòd.



BEN NEVIS
Established 1806

# An Teanta Mhòr

**An Teanta Mhòr, Ionad Nibheis | 13:00-16:00**
The Marquee, Nevis Centre

***Diluain-Dihaoine***
*Monday – Friday*

An t-àite as fheàrr airson fois a ghabhail, ceangal a dhèanamh, agus fìor spiorad a' Mhòid a ghabhail a-steach. Dìreach taobh a-muigh prìomh thogalach na farpaisean, tha àrd-ùrlar fosgailte, bàr is biadh san ionad-fàilte bheothail seo, agus còmhlan-taighe deiseil airson ceòl a chumail a' dol gach feasgar.

Le fear an taighe Iain MacMhaighstir, luchd-ciùil sònraichte, agus seachdain slàn de sheiseanan beò, socair, is e seo an t-àite airson coinneachadh ri caraidean, craic agus cridhe neo-fharpaiseach a' Mhòid fhaighinn.

Your go-to spot to unwind, connect, and soak up the true spirit of the Mòd. Tucked just outside the main competition building, this lively marquee hosts an open stage, bar and catering, and a house band ready to keep the tunes rolling every afternoon.

With our friendly MC Iain MacMaster, surprise guest performers, and a full week of relaxed live sessions, this is the perfect place to catch up with friends, enjoy the craic, and experience the non-competitive heart of the Mòd.



# Duais Ealain na Gàidhealtachd 2025

## 2025 Highland Art Prize

**Taigh Ealain MhicCaluim | 11:00-17:00**
McCallum Art House

***Diluain - Dihaoine***
*Monday – Friday*

**THE HIGHLAND ART PRIZE**
**DUAIS EALAIN NA GÀIDHEALTACHD**

Tha Taisbeanadh Duais Ealain na Gàidhealtachd a' toirt còmhla barrachd air 60 obair-ealain bho bhuidhnean air feadh na Gàidhealtachd agus nan Eilean.

Tha an taisbeanadh fosgailte don phoball aig Taigh Ealain MhicCaluim, Am Pairèid, An Gearasdan, PH33 6BA bho 11:00-17:00 gach latha bho 10-18 Dàmhair.

Bidh an fhosgladh oifigeil a' taisbeanadh agus a' foillseachadh Geàrr-liosta Duais Ealain na Gàidhealtachd 2025. Bidh e a' gabhail àite aig Taigh Ealain MhicCaluim air Disathairne 11 Dàmhair bho 17:30-19:00. Cuiribh fàilte romhaibh uile.

Thèid na duaisean a thoirt seachad aig Taigh Ealain MhicCaluim air Dihaoine 17 Dàmhair bho 12:30-13:00, le fàilte romhaibh uile. Tha sinn cuideachd toilichte gu bheil britheamhan Beth Robertson Fiddes agus Donnie Rothach gu bhith còmhla rinn airson na duaisean a thoirt seachad.

The Highland Art Prize exhibition brings together more than 60 artworks from organisations across the Highlands and Islands, as a celebration of visual artists working in the region. The exhibition is open to the public at McCallum Art House, The Parade, Fort William, PH33 6BA from 11:00-17:00 every day from 10-18 October.

The official opening of the exhibition, and unveiling of the 2025 Highland Art Prize shortlist, will take place at McCallum Art House on Saturday 11 October from 17:30-19:00, with free refreshments available. All welcome!

The prizegiving will take place at McCallum Art House on Friday 17 October from 12:30-13:00. We are delighted to have judges Beth Robertson Fiddes and Donnie Munro with us this year. Again, all welcome!





## Mòdan Abrach
Lochaber Mòds

West Highland Museum
Fort William

**Taigh-tasgaidh na Gàidhealtachd an Iar**
West Highland Museum

Mid-August to end of October
**10:00 - 17:00 | 10:30 on Saturdays**

Tadhail air an taisbeanadh againn mu na 8 Mòdan Nàiseanta Rìoghail a chaidh a chumail ann an Loch Abar agus na farpaisich a tha air cliù a chosnadh an seo. Bidh sinn cuideachd a' comharrachadh muinntir Loch Abar a tha air buannachadh gu mòr ann am Mòdan ann an àiteachan eile agus muinntir an àite a tha air pàirt chudromach a ghabhail ann a bhith a' dèanamh nam Mòdan sin soirbheachail.

Visit our exhibition about the 8 Royal National Mòds that have been held in Lochaber and the competitors who have distinguished themselves here. We will also celebrate Lochaber people who have been successful in Mòds elsewhere and local people who have played a leading part in making those Mòds successful.

HIGH LIFE HIGHLAND
Countryside Rangers

## Drop-in Gaelic Alphabet Treasure Hunt

**Leabharlann a' Ghearasdain**
Fort William Library

A bheil 20 mionaid agaibh airson rudeigin spòrsail a dhèanamh? Thigibh a-steach chun Leabharlann agus faicibh an urrainn dhuibh crìoch a chur air Sealg Ulaidh Aibidil na Gàidhlig agus duais a chosnadh!

Do you have a free 20 minutes and looking for something fun to do? Come along to Fort William Library and see if you can complete our Gaelic alphabet treasure hunt and earn a prize!


Club Rèile
Railway Club
Loidse Waterfront
Waterfront Lodge
Colaiste na Gàidhealtachd an Iar
West Highland College
Ionad Nibheis
Nevis Centre
An Taigh-dhealbh Gàidhealach
The Highland Cinema
Taigh-tasgaidh na Gàidhealtachd an Iar
West Highland Museum
Leabharlann a' Ghearasdain
Fort William Library
Eaglais Bhaile Dhonnchaidh
Duncansburgh Church
Taigh Ealain MhicCaluim
McCallum's Art House
Eaglais Shaor a' Ghearasdain
Fort William Free Church
INVERLOCHY
AN AIRD
CLAGGAN
North Road
Nevis Road
Ardlinnhe Road
Claggan Road
Achintee Road
Glen Nevis Road
Belford Road
Middle Street
Fort William
Victoria Road
Alma Road
Fassifern Road
Cameron Road
Union Road
Achintore Road
Grange Road
Heathercroft Drive
Mòd
LOCH ABAR 25


Bun-sgoil Ghàidhlig Loch Abar
Lochaber Gaelic Primary School
Ionad Coimhearsnachd a' Chaoil
Caol Community Centre
Àrd-sgoil Loch Abar
Lochaber High School
Banavie
Road to the Isles
Road to the Isles
Road to the Isles
Road to the Isles
Camaghae
Fern Court
Camesky Road
Caol
Erracht Drive
Lochyside
Castle Drive
Kilmallie Road

